



Tha am prògram 'Futurescapes' aig an RSPB ag amas air tuilleadh àrainn nàdair a chruthachadh, chan ann a-mhàin ann an sgìrean tèarainte ach cuideachd an sgìrean eile. Tha Donnchadh Orr-Ewing, ceannard làimhseachadh fearainn is ghnèithean, ag innse mun phlanaichean a dh'ionnsaigh air beatha chothromach ùra do dhaoine is do nàdar



# Futurescapes



1  
Tha mòran fearann-  
mònach air feadh na  
h-Alba nach eil ann  
tuilleadh, ach faodar  
ge-ta tadhail air an  
Fhòrsa Àrd far am  
faighear deagh  
eisimpleir de  
fhearann-mònach an  
Dùthaich Mhìc Aoidh,  
Cataibh is Gallaibh an  
sgìre-fearainn air a  
bheil 'An Dùthaich  
Bhog'. Tha an  
cruth-tìre cnocach seo  
na dùthaich loma-làn  
lòn, na dachaigh do  
dh'iomadach eun,  
bheathaichean is  
lusan; feadhainn  
annasach is feadhainn  
nach lorgas ach tearc.

Faighnich dhan mhòr-chuid dè a' chuimhne as ait leotha bhon òige, agus chuirinn geall gur i rud a bhuineas do nàdar – ge b' i an iolaire a chunnacas air làithean saora, iasgach cheann-phollan, no coiseachd sna coilltean. Dhomhsa dheth? A' faicinn iolaire-uisge airson na ciad uaireach aig Loch Mhùrlaig sa Mhonadh Ruadh, agus e a' dàibheach a dh'uisge shoilleir a ghlacadh iasg mòr.

Is nàdar daonnan na dhlùth charaid, rud às am faigh a h-uile duine tlachd, gun aire don àite dham buin iad, an aois no ùidh. Saoil mura bithidh a leithid ann? Saoil mura b' urrainn do chuid chloinne, ur n-oghaichean no iar-oghaichean tlachd a ghabhail às mar a rinneadh agaibhse is sibh ag èirigh suas? Smaoinich air Alba far nach fhaicear eòin chumanta mar curracag, a' bhuidheag no a' chuthag ach an duilleagan leabhraichean eachdraidh. Smaoinich nan iad na tèarmainn-nàdair an aon àite far am faicear àrainnean fallain gorma de bheartas is chaochladh fiadh-bheatha, agus saoil dè seòrsa buaidh a bheireadh seo air eaconamaidh na h-Alba agus i a' call an airgid a thathas an-dràsta a' dèanamh às na gnìomhachasan turasachd, bidh is uisge-bheatha – agus iad uile an eisimeil an stòrais nàdarra, fhallain na dùthcha.

2  
Tha Obar Neithich a' tarraing mòran luchd-tadhail a tha airson coimhead air fiadh-bheatha a' ghiùthsaidh; beathaichean mar a' chailleachag chireach, an deargan-giuthais, capall-coille is an fheòrag ruadh.

3  
Chaidh an Capall-coille a thoirt air ais a dh'Alba le oighreachdan anns na 1830an an dèidh dhaibh a' dol à bith anns an 18tm linn.





B' ann le smaoinichadh air na linntean ri teachd a thàinig a' bheachd air 'Futurescapes', iomairt RSPB na h-Alba a-chum glèidheadh àrainneachd na dùthcha. Tha sinn, co-ionnan ri buidhnean glèidhteachais eile an Alba, mothachadh gu bheil againn ri mòran a bharrachd a dhèanamh ma tha sin dol a ghlèidheadh nàdar na dùthcha airson na h-ama ri teachd.

Maille ri iomadach dhùthchannan eile, thathas a-nis air dearbhadh nach do rinn Alba a' chùis air amasan Bhliadhna Eadar-nàiseanta Bith-iomadachd 2010. Tha e a-nis air aithneachadh gu follaiseach gu feumas coimhead air a' ghnòthach le meud raointean tire aig ìre fada nas motha ma tha sinn dhà-rìribh dol a choilionadh amasan glèidhteachais fiadh-bheatha. Airson is gun tachair seo, feumas cuideachd tòrr a bharrachd co-obrachadh a bhith ann le buidhnean glèidhteachais eile leithid SNH, uachdaran fhearann, comhairlean, gnìomhachasan agus eile, ma tha sinn dhà-rìribh dol a dh'fhaicinn na nithean air a bheil sinn ag amas a' tighinn gu bith.

Tha an t-atharrachadh sa ghnàth-shìde na bagairt mhòr do dh'fhiadh-bheatha tharais air an fhad-ùine. Tha earraichean nas blàithe agus samhraidhean nas teotha a' dèanamh duilgheadas do chuid a ghnèithean agus a' sireadh a bhìdh air a bheil iad an eisimeil. Feumas obair a dhèanamh sa bhad gus dèanamh cinnteach gu bheil am fiadh-bheatha agus an àrainneachd againn deiseil airson nan atharraichean seo. Feumas sgìrean mòra de bheartas nàdair a bhith ann – air feadh na dùthcha – gus a bhith cinnteach gun freagar iad air feumalachdan an fhiadh-bheatha. Aig an aon àm, bheiridh na h-atharrachaidhean seo air cruth-tìre ar dùthcha, leasachadh air làimhseachadh thuiltean, dìon thalmhainn agus uisge glan na h-Alba.



## Iarmadan nan aonar

Thar nan linntean mu dheireadh, tha na sgìrean de dh'àrainneachd leth-nàdarra a bha uaireigin pailt air crìonadh agus air briseadh an àrd. Tha seo air adhbhrachadh crìonadh an àireamh nam beathaichean air a bheil feum air na h-àrainnean sònraichte seo, beathaichean a leithid an traon no an capall-coille. Chan eil air fhàgail an-diugh ach àrainnean beaga biodach airson nam beathaichean an urra riutha.

Feumaidh sinn, gun teagamh, na tèarmainn nàdair traidiseanta agus sgìrean tèarainteachd eile a ghlèidheadh mar raointean cudromach far am faigh fiadh-bheatha fàs, ach tha e follaiseach nach bith seo a-mhàin gu leòr. Feumas coimhead air a' ghnòthach aig ìre fada nas motha agus fada nas dàna; a' cruthachadh dhàimhean ùra is ùr-ghnàthach mas e is gu bheil sinn dol a dhèanamh cumail agus leasachadh air a chaochladh fiadh-bheatha a th' againn airson nan linntean a thig às ar dèidh.

Tha na seachd raointean 'Futurescape' an Alba a chuireadh air bhog gu seo a' còmhachadh 124,000 heactair no 1,240 cilemeatair ceàrnagach. Tha seo an coimeas, mar eisimpleir, ris an 65,000 heactair de raointean fearann nàdair a th' againn aig an ìre seo. Tha na raointean Futurescape seo stèidhichte air sgìrean far a bheil sinn a' faicinn taic làidir air dòigh ùir glèidhteachais na 21mh linn a chur an gnìomh.

Tha an obair ath-leasachaidh air an fhearann aig Tèarmann Nàdarra Nàiseanta aig an Fhòrsan Àrd, air an Dùthaich Bhuig an Gallaibh, Dùthaich Mhic Aoidh is Cataibh na deagh eisimpleir air an t-seòrsa Futurescape a thathas ga cur an gnìomh an-dràsta. Is e seo an còmhachadh as motha de bhoglach a gheibhear an àite sam bith air an t-saoghal, agus tha sinn ag obair fhathast gus na craobhan nach bu chòir a bhith ann a thoirt às agus na h-ìrean uisge a thoirt air ais gus an tèid an àrainneachd dhùbhlanach mònach seo a chàradh. Is puill mònach nan deagh stòras gualain, rud a faodas cuideachadh leis an t-strì an aghaidh atharrachadh san ghnàth-shìde. Rinneadh cron mòr air an àrainn seo leis an uamhas de threabhadh a bhite a' dèanamh agus de chraobhan neo-ghnèitheach a chuireadh sna h-amannan a chaidh seachad.

Is Loch Liobhann an loch as motha air Galldachd na h-Alba agus tè dhe na h-àrainnean as fheàrr ann am Breatainn airson eun-mara.

Tha àireamh nan curracag air tuiteam gun ire far nach eil ann ach cha mhòr 50% den uiread a bh' ann an 1970; ri linn atharraichean an dòighean tuathanachais agus traoghadh an fhearainn.



‘Chan ann do fhiadh-bheatha a-mhàin a tha Futurescapes; tha sinn cuideachd ag amas air raointean a chruthachadh às am faigh mòran dhaoine tlachd.’

## Cruth-tìre tionnsgail

Tha an leirmheas seo cuideachd a' toirt a-steach sgìrean an ath-dhoras dhuinne sa bhaile, a' toirt fiadh-bheatha beò do luchd-còmhnaidh bhailtean nas motha. Tha Futurescape na Linne a-staigh stèidhichte air sgìre thionnsgalach eadar Dùn Èideann agus Sruighlea. Lorgas sa sgìre seo raointean a tha fìor chudromach do dh'èoin ghrunnachaidh a' gheamhraidh agus èoin-seilge, agus thathas a-nis a' cur an gnìomh oidhirpean a' cur car den chail a rinneadh rè eachdraidh mòir, fada de thionnsgal is tuathanachas. Tha an leirmheas ag amas air mòr-raointean de dh'àrainnean nas motha na 2,000 heactair. Thathas a' cruthachadh na lionra ùire seo de dh'àrainnean fliucha a-chum maith nam fiadh-bheatha ach cuideachd a-chum bhunnachdan sòisealta is eacanomach. Am measg nam buannachdan seo thèid iomairtean a chuir an gnìomh gus a' làimhseachadh cunnart thuiltean, raointean cleasachd, agus leasachadh na sgìre seo de dh'Alba mar àite tlachdmhor aig daoine airson fuireach agus obair ann.

Chan ann mu fhiadh-bheatha a-mhàin a tha an iomairt seo; tha sinn cuideachd airson barrachd raointean nàdair a chruthachadh do dhaoine; àitichean tlachdmhor airson cur seachad ùine. Chan eil an Futurescape 'Loch Liobhann Beò' ach 30 mionaid a-mach à Dùn Èideann, àite tarraingeach dharribh do luchd-tadhail, le pailteas de dh'èoin ann. Gheibhear mar thoradh air an Futurescape seo, agus e na shuidhe an Tèarmann Nàdair Loch Liobhann, ath-leasachadh air an talamh fliuch ann an-dràsta agus àrainnean ùra cho math ri cothrom ùr air leasachadh eaconomach na sgìre; a' cruthachadh beatha nas fheàrr do mhuinntir an àite agus piseach ga thoirt air turasachd na sgìre. Thèid cuideam mòr ga chur air foghlam mun àrainneachd le com-pàirteachas Futurescape; le cothrom do chloinn fhaighinn nas fhaige air nàdar taobh a-muigh sheòmraichean na sgoile.

Mar a leugar, tha mòran obrach ri dhèanamh. Tha na cuibhlichean a-nis a' cur car agus, is ged nach tachair a h-uile càil aig an aon àm, tha min dòchas gun tachair e. Tha mi air mo dhòigh gu bheil fàilte bhlàth ga cur air an iomairt seo agus leis a' bhrosnachadh a tha sinn a' faighinn bho bhuidhnean com-pàirteachaidh, leithid SNH, airson dearbhadh nach sinne a-mhàin a gheibh tlachd is buannachd às na h-àrainnean seo, ach ar clann agus clann ar cloinne mar an ceudna. Airson an tuilleadh fiosrachaidh air Futurescapes, theirigibh gu: [www.rspb.org.uk/futurescapes](http://www.rspb.org.uk/futurescapes).